



**SGOILEARACHDAN AN DR. PETER DAVIES |  
THE DR PETER DAVIES POSTGRADUATE SCHOLARSHIPS  
ROINN NA CEILTIS IS NA GÀIDHLIG | CELTIC AND GAELIC  
OILTHIGH GHLASCHU | UNIVERSITY OF GLASGOW**

*[BILINGUAL DETAILS: GAELIC & ENGLISH]*

B' e àrd-òraidiche ann am Fraingis, a tha a-nis air a dhreuchd a leigeil dheth, aig Oilthigh Ghlaschu a bha anns an Dr. Peter Davies. Ann an 2016, stèidhich an Dr Davies ciad Sgoilearachd Iar-Cheumnach an Dr Peter Davies ann an Sgoil nan Nuadh-chananan agus nan Cultaran (SMLC) – a' toirt £5,000 an urra airson dithis oileanach sgoilearachdan gach bliadhna, far a bheil aonan dhiubh sin a' sgrùdadh ann am Fraingis.

Bho 2020/21, tha Dr Davies air a leigeil fhaicinn gum bu chaomh leis gum biodh na Sgoilearachdan air an leudachadh gus £5000 an urra a thoirt do cheathrar oileanach gach bliadhna. Thathar a' moladh gum bi trì dhe na sgoilearachdan sin air an tabhann do dh'oileanaich Maighstireachd le Rannsachadh ann an SMLC agus aonan do dh'aon oileanach ann an Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig.

*Dr Peter Davies was a retired Senior Lecturer in French at the University of Glasgow. In 2016 Dr Davies established the inaugural Dr Peter Davies Postgraduate Scholarship in the School of Modern Languages and Cultures (SMLC) – awarding £5,000 each to two scholarship recipients annually, where one is studying French.*

*From 2020/21 Dr Davies has suggested he would like the Scholarships to be extended to award £5,000 each to four students per annum. It is proposed that three of these scholarships will be awarded to Masters by Research students from the SMLC and one from the subject Celtic & Gaelic.*

**1. GIORRACHADH AIR AN SGOILEARACHD | SUMMARY OF SCHOLARSHIP**

Tha prìomh mhion-fhiosrachadh Sgoilearachd Dr Peter Davies airson seisean 2022-23 mar a leanas:

*The main details of the Dr Peter Davies for session 2022-23 are as follows:*

- Thèid an Sgoilearachd a thairgsinn do dh'oileanach freagarrach a tha air cur a-steach, agus a gheibh àite, air prògram Maighstearachd iar-cheumnach ann an Ceiltis is Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu | *The Scholarship will be awarded, subject to a successful application,*



*to a suitable student who has applied to postgraduate Master's programme in Celtic & Gaelic at the University of Glasgow.*

- Air an toirt do dh'oileanaich a tha a' toirt fianais gu bheil feum ionmhasail aca a dh'fhaodadh bacadh a chur orra bho bhith a' dèanamh an cuid rannsachaidh maighstireachd iar-cheumnach | *awarded to students evidencing financial need which could prevent them from undertaking their postgraduate research masters*
- Faodar duais seisean 2022-23 a ghlèidheadh airson aon bhliadhna a-mhàin gus cobhair a thoirt do thagraiche(an) soirbheachail crìoch a chur air prògram Maighstireachd iar-cheumnach. | *The award for session 2022-23 is tenable for one year only to enable the successful candidate(s) to complete a Master's postgraduate programme.*
- Tha luach £5,000 anns an Sgoilearachd. | *The value of the Scholarship is £5,000.*  
Mura tèid sgoilearan iomchaidh a chomharrachadh ann am bliadhna sam bith, cha tèid an duais a bhuileachadh agus bidh an t-airgead a chaidh a chomharrachadh airson na bliadhna sin a chur mu seach airson na h-ath bhliadhna [NO] ma bhios nas lugha na trìuir sgoilearan air an comharrachadh ann an SMLC no nas lugha na aon ann an Ceiltis is Gàidhlig, faodar sgoilearachdan nach deach a chleachdadh a thoirt dhan chuspair eile ma tha barrachd thagraichean iomchaidh ann. | *In the event of no suitable scholars being identified in any year, no award will be made and the funding set aside for that year will be awarded in a subsequent year [OR] In the event of fewer than three suitable SMLC scholars or fewer than one suitable Celtic & Gaelic scholar being identified in any year, the available scholarship may be awarded to the alternate subject if there is a surplus of suitable applicants.*

## **2. RIATANASAN NEACH-GLÈIDHIDH NA DUAIS | REQUIREMENTS ON AWARD HOLDER**

Bidh na h-oileanaich air an tèid an Sgoilearachd a bhuileachadh ri aithisg ghoirid air an adhartas a chur gu Oifis Leasachadh agus Alumni aig ceann gach bliadhna acaideamaigeach agus thèid sin a chur adhart chun an tabhartaiche, agus bidh cuireadh aca gus coinneachadh ris an tabhartaiche ann an suidheachadh neo-fhoirmeil tron bhliadhna, agus aig lòn comharrachaidh san t-samhradh an dà chuid mar fheadhainn a tha a' faighinn taic agus mar fheadhainn a fhuair an taic san àm a dh'fhalbh.

Thathas ag iarraidh air neach-glèidhidh na Sgoilearachd taic bho Sgoilearachd An Dr. Peter Davies aithneachadh anns an tràchdas dheireannach aca agus ann am foillseachadh a thigeadh às an rannsachadh iar-cheumnach maoinichte leis an Sgoilearachd.

*The Dr Peter Davies Scholarship recipient will be required to submit a brief report on their progress at the end of each academic year to the Development and Alumni Office for onward transmission to the donor, and will be invited to meet the donor informally throughout the year, and at a celebratory lunch in the summer both as present and previous award holders.*



*The recipient of the Scholarship is requested to acknowledge support from the Dr Peter Davies Scholarship in their final thesis and in publications arising from the PG research funded by the Scholarship.*

### **3. DÒIGH IARRTAIS | METHOD OF APPLICATION**

Bu chòir iarrtasan a chur don Dr Sim Innes, [Sim.Innes@glasgow.ac.uk](mailto:Sim.Innes@glasgow.ac.uk) ro 5 uairean feasgar (tìde ionadail) Dihaoine 5 Lùnastal 2022 / *Applications should be submitted by e-mail to Dr Sim Innes, [Sim.Innes@glasgow.ac.uk](mailto:Sim.Innes@glasgow.ac.uk) not later than 5pm (local time) Friday 5 August 2022.*

#### **Bu chòir dha na leanas a bhith an cois gach iarrtais:**

*Each application should consist of the following:*

1. Cunntas Beatha slàn | *A full curriculum vitae.*
2. Litir-chòmhdach a bhios a' mìneachadh carson a bu mhiann leibh gun d' rachadh beachdachadh oirbh airson na Sgoilearachd seo, ag innse mu thaic-airgid sam bith eile a fhuair sibh neo air an do chuir sibh a-steach a tha ceangailte ri ur prògram Maighstireachd iar-cheumnach | *A covering letter explaining why you wish to be considered for this Scholarship, detailing any other funding secured and/or applied for in connection with your postgraduate Master's programme.*
3. Tuairisgeul aithghearr air na cuspairean rannsachaidh anns an bheil ùidh agaibh an-dràsta agus an rùn agaibh airson dreuchd (mu dhuilleag a-màin) | *A brief outline of your current research and career interests (approx. one page).*
4. Dearbhadh air an inntrigeadh agaibh air prògram Maighstireachd ann an Ceiltis is Gàidhlig, neo brath gu bheil an t-iarrtas agaibh a' feitheamh air cead. | *Proof of your admission into a Master's programme in Celtic & Gaelic, or indication that your application is currently awaiting approval.*

Faodar conaltradh neo-fhoirmeil a dhèanamh leis an Dr. Sim Innes, Stiùiriche nan Iar-cheumnach ann an Ceiltis is Gàidhlig, post-d: [Sim.Innes@glasgow.ac.uk](mailto:Sim.Innes@glasgow.ac.uk) | *Informal enquiries may be made to Dr Geraldine, Convener of Postgraduate Studies in Celtic & Gaelic, email: [Sim.Innes@glasgow.ac.uk](mailto:Sim.Innes@glasgow.ac.uk)*

Thèid neach/luchd-glèidhidh na Sgoilearachd a thaghadh stèidhichte air adhbharan piobrachaidh agus comas acadaimigeach dearbhte. Dh'fhaodte gun cumar agallamhan a le tagraichean air a' gheàrr-liosta agus gun tèid taghadh a dhèanamh le Ceannard Ceiltis is Gàidhlig, Stiùiriche nan Iar-cheumnach aig Ceiltis is Gàidhlig agus le riochdaire a bharrachd bho Ceiltis is Gàidhlig neo cuspair ceangailte. | *The selection of the Studentship holder or holders will be on the basis of motivation and proven academic ability. Shortlisted applicants may be interviewed and selected by the Head of Celtic & Gaelic and the Postgraduate Convener of Celtic & Gaelic and by a further representative from Celtic & Gaelic or a related discipline.*